


CUNNTAS DE GHÀRAIDHEAN IS SHEALLAIDHEAN-TÌRE DEALBHAICHTÈ ANN AN ALBA

STIÙIREADH AIRSON SHEALBHADAIREAN,
LUCHD-CÒMHNAIDH AGUS MANAIDSEARAN
2011



CUNNTAS DE GHÀRAIDHEAN
IS SHEALLAIDHEAN-TÌRE
DEALBHAICHTE ANN AN ALBA

STIÙIREADH AIRSON SHEALBHADAIREAN,
LUCHD-CÒMHNAIDH AGUS MANAIDSEARAN

2011

ISBN: 978-1-84917-056-7

Iomhaighean

Mura h-eil a' chaochladh air ainmeachadh is ann bho Alba Aosmhor a thàinig na h-iomhaighean agus tha iad fo dhìon © Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin, www.historicscotlandimages.gov.uk

Dealbhan d.3 (Little Sparta), 11 (Cnoc Chaltainn), 15 (Caisteal Drummond; Taigh Chinn Rois):
© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin: RCAHMS. Ceadaiche www.rcahms.gov.uk

Dealbh d. 5 (Pitmedden) Ath-ghinte le cead bho Urras Nàiseanta na h-Alba.

Dealbh d.8 © Le taing do Urrasairean Leabharlann Nàiseanta na h-Alba.

Còmhach aghaidh: Sealladh bhon adhar air cruth-tìre dealbhaichte le Balcarres, Fìobha.
© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin: RCAHMS. Ceadaiche www.rcahms.gov.uk

RO-RÀDH

Tha gàraidhean agus seallaidhean-tìre dealbhaichte mar phàirt de fhèin-aithne nàiseanta na h-Alba. Tha iad a' saobhreachadh inneach agus pàtran ar seallaidhean-tìre agus tha iad nan clàr sònraichte de dh'atharrachadh sòisealta, cultarail agus eaconomach. Tha mòran dhiubh a' nochdadh luach glèidhteachais nàdair sònraichte de fhiath-bheathaichean, agus cothroman do chur-seachadan agus fois poblach, agus mar sin a' cur ri sàr-mhaitheis choimhearsnachdan ionadail agus an eaconomaidh mar phrìomh phàirt den ghnìomhachas turasachd againn.

Mar bhunait toileachais is ionnsachaidh, agus mar lìonra luachmhor de raointean uaine, tha pàirt chudromach aig na gàraidhean agus na seallaidhean-tìre againn ann a bhith a' togail Alba a tha nas fhallaine nas smioraile agus nas uaine.

Bidh Alba Aosmhor, buidheann gnìomh de Rìghaltas na h-Alba, a' tional Cunntas de Ghàraidhean is Sheallaidhean-tìre Dealbhaichte ann an Alba às leth Mhinistearan na h-Alba. Tha an Cunntas a' toirt aithne do làraichean nàiseanta cudromach agus a' stiùireadh riaghladh nan atharrachaidhean a tha a' toirt buaidh orra le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a' phròiseas dealbhaidh a' gabhail suim de chudromas an t-suidheachaidh seo den àrainneachd eachdraidheil.



Teampall Muses am measg chraobhan, Abaid Dryburgh, Cricochan na h-Alba



Cuairt oirthir aig Caisteal Culzean, Siorrachd Air a-Deas



Little Sparta, Siorrachd Lannraig a-Deas

A' MÌNEACHADH GÀRAIDHEAN IS SEALLAIDHEAN-TÌRE DEALBHAICHTE

Foadar gàraidhean is seallaidhean-tìre am mìneachadh mar làraichean a tha air an rèiteachadh gu sònraichte airson buaidh ealain. Tha an sònrachadh farsaing seo a' toirt a-steach iomadach seòrsa de làraichean eadar pàircean taigh mòr dùthchail, gu cruinneachaidhean gàraidhean luibheanach, pàircean bailteil, gàraidhean beaga planntachaidh, agus eadhon cuid de chladhan.

Tha na làraichean as sine sa chunntas a' toirt a-steach na tha air fhàgail de dh'obraichean-talmhaidh meadhan-aoise, fhad 's a tha an fheadhainn as ùire nan gàraidhean ùr-ghnàthaichte san 20mh linn.

Ach, nas trice a' nochdadh anns a' chunntas, tha na pàircean a tha co-cheangailte ri taigh no caisteal cudromach, leasaichte le sealbhadairean dùthchail airson gach cuid adhbharan toileachais is toraidh. San àbhaist, chithear feartan anna bho amannan eadardhealaichte, agus mar sin a' sealltainn mar a tha fasanan gàraidh is sealladh-tìre air atharrachadh rè ùine.

Mar as trice bidh gàraidhean agus seallaidhean-tìre sa Chunntas a' taisbeanadh cothlamadh de structaran togalaichte, planntachadh, làraichean fosgailte, dealbhadh fearainn, riaghladh uisge, cuirp àirseachail agus feartan sealladh-tìre nàdarra, gach cuid a dh'fhaodadh cur ri luach iomlan na làraich. Dh'fhaodadh cuid de na feartan sin a bhith cudromach gu leòr airson an clàradh iad fhèin le Alba Aosmhor mar thogalaichean agus charraighean clàraichte, no le Dualchas Nàdair na h-Alba airson an luach saidheansail no glèidhteachais nàdair.

Is e am feart coitcheann a tha a' co-cheangal nan gàraidhean diofraichte agus na seallaidhean-tìre dealbhaichte sin an luach sònraichte a th' anna do dh'Alba gu h-iomlan.

A bharrachd air cho cudromach sa tha iad mar làraichean eachdraidheil, tha iad a' cuideachadh le bhith a' ceangal an caractar seallaidh sònraichte a bhuineas don t-sealladh-tìre againn agus a tha a' toirt buannachdan agus cothroman mòra do dhaoine tro ghniomhachd chur-seachad, thurasachd, fhoghlaim is chosnaidh.

A thaobh fiath-bheathaichean is glèidhteachas nàdair, bheir iad seachad àrainn bheartach, agus dh'fhaodadh iad a bhith nan stòras de chraobhan, phreasan agus stuthan planntachaidh annasach.



Seann darach aig Traquair, Crìochan na h-Alba



Staidhre Gazebo, Caisteal Culzean, Siorrachd Air a-Deas

AN CUNNTAS

Tha gàraidhean is seallaidhean-tìre dealbhaichte nan goireasan lag is crìochnach a dh'fhaodar a mhilleadh no a chall. Bidh Alba Aosmhor a' foillseachadh liosta de na làraichean as cudromaiche ann an Alba gus mothachadh àrdachadh air cho sònraichte sa tha iad, agus gu bhith a' misneachadh an fheadhainn a tha an sàs ann a bhith gan riaghladh, no gan cumail san àm ri teachd, a bhith gan làimhseachadh mar àiteachan luachmhor is sònraichte a bheir toileachas do ghinealaichean san àm ri teachd.

Gheibhear an Cunntas seo air-loidhne, agus gheibhear thuige tron làrach-lìn againn aig www.historic-scotland.gov.uk/gardens.

Chaidh Cunntas Ghàraidhean is Sheallaidhean-tìre Dealbhaichte ann an Alba fhoillseachadh airson a' chiad



Fearann pàirce aig Mertoun, Crìochan na h-Alba



An gàradh balla foirmeil aig Pitmedden, Siorrachd Obar Dheathain

uair ann an còig irisean ann an 1987, le trì irisean roinneil a bharrachd gam foillseachadh eadar 2001 is 2005. Bha na foillseachaidhean as ùire a' toirt a-steach gach cuid làraichean nach robh cho ainmeil, agus raon nas fharsainge de sheòrsa sheallaidhean-tìre dealbhaichte, leithid pàircean poblach is cladhan.

Ann an 2008, chur sinn prògram ath-sgrùdaidh air bhog gus ath-mheasadh agus ùrachadh a dhèanamh air a' Chunntas. Aig an àm seo, tha 386 làraichean Cunntais ann an Alba (Dàmhair 2010). Mar a thig an Cunntas air adhart, bidh an àireamh seo ag atharrachadh mar a chuirear làraichean ùra ris agus feadhainn eile gan toirt air falbh.



An Necropolis, Glaschu

DÈ NA GÀRAIDHEAN AGUS NA SEALLAIDHEAN-TÌRE DEALBHAICHTE A BHITHEAR A' TAGHADH?

Bidh an Cunntas ag ainmeachadh làraichean a tha so-mheasraichte agus brioghmhor an-diugh. Chan eil ear a' feuchainn ri seallaidhean-tìre caillte ainmeachadh no seallaidhean-tìre far a bheil suidheachadh an làraich, agus le sin ionracas na h-àite, aig ìre far nach eil uidhir de luach ann an ùidh an làraich.

Bithear a' taghadh gàraidhean is seallaidhean-tìre dealbhaichte a-rèir na feartan a leanas a tha stèidhichte air luach:

- luach mar obair ealain fa-leth annta fhèin
- luach eachdraidheil
- luach flùranach, craobhach no silbhineach
- luach ailtireil
- luach seallaidh
- luach àirseachail
- luach glèidhteachais nàdair



An amaideachd Hundy Mundy, Mellerstain, Crichean na h-Alba

Is e cinn farsaing a tha an sin agus tha prionnsapalan taghaidh air an làn-mhineachadh ann am Pàipear-taice 4 ann am **Poileasaidh Àrainneachd Ministearan na h-Alba** (Iuchar 2009) ri fhaighinn bho làrach-lìn Alba Aosmhor. Tha iad a' toirt seachad frèam-obrach far a bheil breith phroifeasanta ga nochdadh ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnaidhean fa-leth.

Ge a dh'fhaodadh eòlas nas fheàrr a bhith aig daoine air làrach airson taisbeanaidhean de fhlàraichean dreachmhor, tha seo a' riochdachadh a' phàirt den t-sealladh-tìre a tha neo-mhaireannach agus is ann air na feartan as maireannaiche a dh'fheumar beachdachadh. Mar as àbhaist, bheir iad sin a-steach na structaran togte, dreach fearainn agus carraighean, agus craobhan le beatha fad 100 bliadhna no nas fhaide.

Airson gach prionnsapal, ainmichidh sinn luach aig ìre bho 'luach sònraichte' gu 'gun luach'. Gu coitcheann, mar as àirde a bhios na luachan sònraichte no àrd, is ann as buailtiche e gun gabhar ris an làrach airson a chur don chunntas. Ach, uaireannan, dh'fhaodadh gum bi gàradh no sealladh-tìre dealbhaichte cho sònraichte a thaobh aon luach is gum gabhar ris cuideachd mar a bhith cudromach gu nàiseanta.

Thathar a' meas gu bheil a h-uile làrach a tha sa Chunntas cudromach aig ìre nàiseanta. Eu-coltach ri bhith a' clàradh thogalaichean, chan eil roinn no siostam rangachaidh ann a tha a' comharrachadh ìre luach dàimheach.

Tha e cudromach a dhaingneachadh nuair a thathar a' beachdachadh air làrach a chur a-steach don Chunntas, chan urrainnear sealltainn ri bun-chùis sam bith ach suidheachadh, ionracas agus ìre cudromais an làraich.

A' MÌNEACHADH NA H-ÌRE

Tha gàraidhean is seallaidhean-tìre dealbhaichte sa Chunntas eadar meud 1 heactair gu còrr is 1000 heactair (no 2471 acair).

Chan eil buaidh sam bith aig seilbh fearainn gnàthaichte air a' chrìoch a mhìneachadh.

Bidh sinn a' cleachdadh phàipearan agus mhapaichean eachdraidheil còmhla ri fianais a chaidh a thional tro sgrùdadh an làraich gus ar cuideachadh ann a bhith a' mìneachadh a' chrìoch, gu sònraichte ann an cùis

phàircean taigh dùthchail far am faodadh gum biodh raointean gàraidh a-staigh dealbhaichte agus fearann pàirce taobh a-staigh oighreachd àiteachais nas motha.

Aig amannan, bidh feartan leithid ballachan is geatachan pàirce a' nochdadh comharra soilleir far an urrainnear crìoch a dhaingneachadh. Ann an suidheachaidhean eile, chan eil e cho cinnteach, agus feumar tighinn gu breith proifeasanta ann a bhith a' mìneachadh an loidhne crìche a tha nas reusanta.

PRÒGRAM ATH-SGRÙDAIDH A' CHUNNTAIS

Tha Alba Aosmhor a' dèanamh ath-sgrùdadh farsaing air Cunntas Ghàraidhean is Sheallaidhean-tìre Dealbhaichte, a chaidh fhoillseachadh airson a' chiad uair ann an 1987.

Is e prògram dòigheil, roinn gu roinn de obair làir agus sgrùdaidh a tha an seo, air a dhealbhadh gus goireas nas ùire a shòlarachadh, agus gus dèanamh cinnteach gu bheil làraichean Cunntais gnàthaichte fhathast cudromach gu nàiseanta anns a' chruth sa bheil iad an-diugh.

Bidh sinn a' tadhal air gach làrach agus a' conaltradh le sealbhadairean agus ris an t-ùghdarras ionadail iomchaidh a thaobh ar molaidhean agus ath-sgrùdaidhean.

Mar phàirt den eacarsaich ath-sgrùdaidh, bidh sinn a' cur làraichean tagraidh ùr air adhart airson an gabhail a-staigh, a' moladh atharrachaidhean air crìochan seallaidhean-tìre dealbhaichte, agus a' moladh gun tèid làraichean an toirt às a' Chunntas. A thaobh gàraidhean is seallaidhean-tìre dealbhaichte a tha fhathast freagarrachadh a thaobh dearbhadh cudromas nàiseanta, bidh sinn dìreach a' dèanamh mion-atharrachadh air na tha clàraichte sa Chunntas.

Faodar gàraidhean agus seallaidhean-tìre dealbhaichte fa-leth taobh a-muigh sgìrean an ath-sgrùdaidh a mholadh airson an gabhail a-steach aig uair sam bith (faic d.9). Ach, bidh Alba Aosmhor mar as trice a' roghnachadh gun a bhith a' cur làrach air adhart ma tha e air ainmeachadh ann am prìomh thagraidh dealbhaidh beò.



Gàraidhean Luidheanach na Beinne Mòra, Earra-Ghàidheal is Bhòid

AG ULLACHADH CLÀR A' CHUNNTAIS

Tha e na amas do Alba Aosmhor deanamh aithisgean soilleir is ruigsinneach a tha a' comharrachadh an adhbhar gu bheil làrach cudromach gu nàiseanta aig àm ainmeachaidh, còmhla ri mapa a tha a' comharrachadh na h-ìre gu bheil sin fìor.

Gus a bhith co-chòrdail, bidh sinn a' deasachadh aithisgean cunntais anns an aon dòigh. A bharrachd air a' mheasaidh luach agus geàrr-adhbhar airson a ghabhail a-steach, bidh sinn a' toirt seachad fiosrachaidh a thaobh àite is suidheachadh, cùl-fhiosrachadh eachdraidheil, agus diofar fheartan taobh a-staigh an làraich, leithid co-phàirtean ailtireil, fearann pàirce, fearann-coillteach, feartan uisge agus gàradh balla.

Tha aithisgean stèidhichte air dàta a bhios ga thional às dèidh tadhal air an làrach agus bho sgrùdadh oifis. Bidh fianais sgrìobhte airson làrach a' toirt a-steach prìomh-stuthan leithid mapaichean eachdraidheil, clàran oighreachd, dealbhan, obair-dealbaidh is planaichean agus stuthan dara-ìre leithid leabhraichean, clàran àireamhail agus sgrìobhaidhean iris.

Cuiridh Alba Aosmhor fàilte air fiosrachadh eachdraidheil a bharrachd is urrainn fhaighinn bho shealbhadair, manaidsearan-fearainn, ùghdarrasan ionadail agus goireasan ionadail no comainn eachdraidh.



Mion-fhiosrachadh bho 'Mapa Lodainn an Ear, sgrùdaichte le J. Adair 1736'

MAR A MHOALAR LÀRACH AIRSON FHAIGHINN SA CHUNNTAS

Ma tha gàradh no sealladh-tìre dealbhaichte san t-sealladh agad airson fhaighinn a-steach don Chunntais, faodaidh tu fios a chur gu sgioba gàraidhean Alba Aosmhor. Bu chòir dhut a mhìneachadh carson a tha thu den bheachd gu bheil an làrach cudromach gu nàiseanta agus cur a-steach stuthan taic leithid dealbhan agus mapaichean o chionn ghoirid le cinn-sgrìobhaidh agus cinn-latha orra. Ma bhios fios againn cò leis a tha an làrach, bidh e nas fhasa faighinn a-steach ann. Thoir an aire, ge-tà, gum faod pròiseas beachdachaidh air làrach a ghabhail a-staigh deagh ùine a thoirt suas.

Fadair foirm tagraidh còmhla ri tuilleadh fiosrachaidh mun phròiseas fhaighinn bho sgioba nan gàraidhean. Sgrìobh thugainn aig Alba Aosmhor, Taigh Longmore, Dùn Èideann, EH9 1SH no cur post-d gu hs.gardens@scotland.gsi.gov.uk. Fòn: 0131 668 8809/8798.

LÀIMHSEACHADH ATHARRACHADH AGUS DLEASTANAS MINISTEARAN NA H-ALBA

Ged a bhios gàradh no sealladh-tìre dealbhaichte air a ghabhail a-staigh sa Chunntas chan eil sin a' ciallachadh nach urrainnear atharrachadh.

Tha an Cunntas ag aithneachadh gàraidhean agus seallaidhean-tìre dealbhaichte a tha cudromach gu nàiseanta às leth Ministearan na h-Alba. Le bhith a' cur cuideam air prìomh fheartan den ghòireas chudromach is lag seo, bidh sinn a' fiosrachadh pròiseas làimhseachaidh atharrachaidh.

Tha poileasaidh dealbhaidh nàiseanta a' dearbhadh gu bheil cumail suas agus àrdachadh càileachd na h-àrainneachd eachdraidheil agus a' glèidheadh dualchas na dùthcha nan dreuchdan cudromach den t-siostam dealbhaidh. Tha e cudromach anns a' phròiseas dealbhaidh a bhith a' beachdachadh air làraichean anns a' Chunntas. Fo Riaghailtean Dealbhaidh Baile is Dùthaich (Ceum Riaghlaidh Leasachaidh) (Alba) 2008, tha e na riatanas air ùghdarrasan ionadail a bhith a' conaltradh le Alba Aosmhor mu mholaidhean leasachaidh a thathas den bheachd a bheir buaidh air gàradh no sealladh-tìre dealbhaichte agus bidh ar beachdan nam pàirt cudromach de cho-dhùnaidh na cùise leis an t-ùghdarras dealbhaidh.

Chan urrainnear seallaidhean-tìre a' Chunntais an 'reothadh ann an tim', agus gu tric bidh e deatamach no

ion-mhiannaichte atharrachaidhean a dhèanamh. Mar eisimpleir, bidh riaghladh seasmhach fearann-coillteach mar as trice a' toirt a-steach ìrean de thanachadh agus gearraidh a bharrachd air ath-shuidheachadh. Is ann air an t-sealbhadair/neach-còmhnaidh a tha an dleastanas a thaobh riaghladh làitheil agus cumail suas gàradh no sealladh-tìre dealbhaichte a tha sa Chunntas. Ged nach eil a na riatanas Alba Aosmhor no an t-ùghdarras ionadail a thoirt an sàs sa ghnòthach a thaobh raointean planntachaidh ùra msaa, tha sinn an-còmhnaidh deònach comhairle is stiùireadh a thoirt seachad.



Pàirce Kelvingrove, Glaschu

TOGALAICHEAN CLÀRAICHTÈ

Cha mhòr nach eil a' mhòr-chuid de thogalaichean a chaidh an clàradh airson ùidh ailtireil no ùidh eachdraidheil shònraichte taobh a-staigh ghàraidhean agus sheallaidhean-tìre a' Chunntais. Dh'fhaodadh gum biodh an raon a tha timcheall togalach a' tighinn bho sgàile clàraidh agus dh'fhaodadh gu bheil an ìre dìon a th'aig an togalach clàraichte air a shineadh a-mach gu structaran eile. 'S e an raon mu-chuairt (curtilage) a chanar ris an seo agus bidh an t-ùghdarras dealbhaidh a' mìneachadh na crìochan mar phàirt den dleastanas riaghlaidh aca.

Is e ainmeachadh reachdail a th' anns a' Chlàradh. Feumaidh tu cead togalach clàraichte fhaighinn bhon t-ùghdarras dealbhaidh ma tha thu ag iarraidh togalach clàraichte a leagail no atharrachadh no a leudachadh ann an dòigh sam bith a bheir buaidh air a' character aige. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh a thaobh clàraidh agus a' phròiseas ceadachaidh bho làrach-lìn Alba Aosmhor aig

www.historic-scotland.gov.uk/index/heritage/historicandlistedbuildings.

CARRAIGHEAN CLÀRAICHTÈ

Ann an cuid de ghàraidhean agus sheallaidhean-tìre dealbhaichte sa Chunntais tha carraighean àirseachail a chaidh an clàradh mar thoradh air cho cudromach sa tha iad aig ìre nàiseanta.

Dìreach mar clàradh, is e ainmeachadh reachdail a tha an seo. Feumaidh obraichean sam bith air carragh clàraichte cead sgrìobhte ro-làimh fhaighinn bho

Mhinistearan na h-Alba, le rianachd bho Alba Aosmhor. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh a thaobh carraighean clàraichte agus a' phròiseas ceadachaidh bho làrach-lìn Alba Aosmhor aig www.historic-scotland.gov.uk/index/heritage/searchmonuments



Ionad Easaig aig Taigh Haddo, Siorrachd Obar Dheathain



Gàraidhean Luidheanach Dawyck, Crìochan na h-Alba

CÙRAM AIRSON GHÀRAIDHEAN IS SHEALLAIDHEAN-TÌRE DEALBHAICHTE

Tha ioma dùbhlán fa chomhair sealbhadairean nan gàraidhean is nan seallaidhean-tìre dealbhaichte as fheàrr ann an Alba, eadar atharrachadh cliomaid agus riaghladh ghoireasan airson dèiligeadh ri duilgheadasan corporra sònraichte leithid structaran togte a tha a' crìonadh no gnèithean ionnsaichte.

Tha Alba Aosmhor a' freagairt dùbhlán atharrachadh cliomaid agus a' bhuidh a tha aige air an àrainneachd eachdraidheil. Airson tuilleadh fiosrachaidh mun raon-ùghdarras agus an ro-innleachd sgrùdaidh againn, faic ar làrach-lìn aig www.historic-scotland.gov.uk/index/heritage/climatechange

A thaobh gàraidhean is seallaidhean-tìre dealbhaichte, that Alba Aosmhor a' cur an taic ri gach cuid fuasglaidhean adhartach riaghlaidh is targaidhte agus a bhith a' leasachadh phlanaichean nas fharsainge airson an riaghladh gnàthaichte agus san àm ri teachd.

Is urrainn do sgioba ghàraidhean Alba Aosmhor beachdan a thoirt seachad mu phlanaichean riaghlaidh airson làraichean Cunntais. Dh'fhaodadh gum bi Coimisean na Coilltearachd a' conaltradh leinn airson ar beachdan fhaighinn air molaidhean gearraidh sìos agus riaghladh fearann-coillteach taobh a-staigh làraichean Cunntais.

Bidh sinn a' brosnachadh shealbhadairean comhairle phroifeasanta taobh a-muigh a shìreadh a thaobh cùisean riaghlaidh sealladh-tìre agus fuasglaidhean fhaighinn a tha co-chosmhail ri caractar agus structar eachdraidheil a' ghàraidh no an t-seallaidh-tìre dealbhaichte. A-nis tha làn-fhiosrachaidh eòlach ann

a thaobh roghainnean riaghlaidh seasmhach agus tha bun-fhiosrachaidh eile ri fhaighinn aig deireadh na bileige seo.

A thaobh cùisean co-cheangailte ri cùram is cumail suas thogalaichean agus structaran eachdraidheil, is urrainn do Bhuidheann Glèidhteachais Alba Aosmhor stiùireadh a thoirt seachad, agus bidh iad a' cur a-mach foillseachaidhean do gach cuid proifeasantaich is don phobail. Cur fios chun sgioba air 0131 668 8668, post-d hs.technicalconservationgroup@scotland.gsi.gov.uk, www.historic-scotland.gov.uk/index/heritage/conservation



Gàradh balla Caisteal Edzell, Machair Aonghais



Cnoc Challtann, pàirt de Ghàradh a' Bhaile Ùir, Dùn Èideann



Pàirce Duthie, Obar Dheathain

TABHARTASAN

Bidh Alba Aosmhor a' cuir an-gnìomh grunn sgeamachan tabhartais agus maoinachaidh gus taic a chumail ri buidhnean agus ri daoine fa-leth ann a bhith a' dìon, ag oideachadh agus ag àrdachadh na h-àrainneachd eachdraidheil.

Am measg nam prògraman a dh'fhaodadh a bhith tarraingeach do shealbhadairean ghàraidhean is sheallaidhean-tìre dealbhaichte tha:

Tabhartasan Riaghlaidh Sealladh-tìre

Faodar tabhartasan a thoirt seachad gu bhith a' cuideachadh le cosgais plana riaghlaidh sealladh-tìre ullachadh airson làrach a tha taobh a-staigh a' Chunnntais. Bidh sinn a' beachdachadh air tagraidhean air feadh na bliadhna agus is urrainn dhuinn tabhartasan a thoirt seachad aig ìrean suas gu 50% de chosgais plana ullachadh le comhairliche a tha mion-eòlach air leithid de dh'obair.

Sgeama Tabhartais Càradh Togalach

Tha an sgeama seo a' toirt a-steach tabhartasan airson togalaichean clàraichte a chàradh agus a ghlèidheadh. Bidh mòran a' farpais airson tabhartasan agus thèid gach tagradh a mheasadh fa chomhair raon de shlatan-tomhais.

Tabhartasan Seann Charraighean


Bidh an sgeama seo a' toirt taic ionmhais gus cuideachadh a thoirt le bhith a' glèidheadh is a' cumail suas charraighean, agus ann an cuid de chùisean an taisbeanadh don phobaill.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu gach sgeama tabhartais gu h-àrd bho sgioba thasgaidhean is phròiseactan Alba Aosmhor: fòn 0131 668 8645, post-d hs.grants@scotland.gov.uk no aig www.historic-scotland.gov.uk/index/heritage/grants.

BUN MAOINEACHAIDH EILE

Bidh Ionmhas Crannchur an Dualchais a' ruith grunn sgeamachan, a' toirt a-steach 'Pàircean do Dhaoine', a bheir tabhartasan seachad airson pròiseactan a bhios ag ath-ghinealachadh pàircean poblach le luach dualchais nàiseanta, roinneil no ionadail.

Airson comhairle a thaobh maoinachadh airson na h-àrainneachd eachdraidheil ann an Sgeama Leasachaidh Dùthchail na h-Alba, cur fios gu oifis ionadail SGRP ID (Seirbheis Stiùiridh Sgrùdaidh Cosgais Dùthchail Riaghaltas na h-Alba).



Caisteal Dirleton, Lodainn an Ear

CÒ SINNE?

Is e buidheann gnìomh de Riaghaltas na h-Alba a tha ann an Alba Aosmhor. Tha e na dhleastanas oirnn a bhith a' dìon àrainneachd eachdraidheil na stàite agus a' brosnachadh tuigse agus toileachas innte. Tha dleastanas air Seirbheis Sgrùdaidh Alba Aosmhor a bhith a' dìon agus a' toirt seachad comhairle a thaobh riaghladh nam pàirtean as cudromaiche de dh'àrainneachd eachdraidheil na h-Alba, a' toirt a-steach togalaichean clàraichte, carraighean clàraichte, làraichean long-bhrisidhean agus gàraidhean is seallaidhean-tìre dealbhaichte. Tha poileasaidhean cuideachd stèidhichte airson Cunntas ùr a chur air chois airson làraichean-blàir eachdraidheil. Bidh Alba Aosmhor cuideachd a' toirt seachad taic-tabhartais airson a bhith a' glèidheadh na h-àrainneachd eachdraidheil tro ghrunn shruthan maoineachaidh eadar-dhealaichte.

Faodaidh tu fios a chur gu sgioba nan gàraidhean aig: hs.gardens@scotland.gsi.gov.uk.

Sgìona nan Gàraidhean

Seirbheis Sgrùdaidh Alba Aosmhor
Taigh Longmore
Ionad Salisbury
Dùn Èideann
EH9 1SH

Tel: 0131 668 8809/8798

Gearanan Rianachd

Tha Achd Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba 2002 a' toirt seachad cothrom simplidh is èifeachdach tron urrainn muinntir na coimhearsnachd gearanan a thogail a thaobh mì-rianachd agus libhrigeadh seirbheis ag èirigh bho ghnìomhachd ùghdarrasan ionadail na h-Alba.

CEISTEAN CUMANTA

Q AM BITHEAR A' CONALTRADH RIUM?

Ged nach eil e riatanach fon lagh a bhith a conaltradh le sealbhadair, bidh Alba Aosmhor a' dèanamh oidhirp reusanta mar phàirt den mheasaidh conaltradh a chumail le sealbhadair no neach-còmhnaidh làrach air a bheileas a' beachdachadh a ghabhail a-staigh don Chunntas, no a tha fo lèirmheas mar phàirt den phrògram ath-sgrùdaidh.

Tha sin ag aithneachadh gu bheil beachdan an fheadhainn aig a bheil sealbh air an togalach agus a tha mion-eòlach air an làrach gu math tric air-leth luachmhor ann a bhith a' tuigse an leasachadh eachdraidheil aice. Bheir e dhuinn an cothrom cuideachd a bhith a' làn-mhìneachadh na tha an cois inbhe Cunntais agus ceistean sam bith a nochdas a fhreagairt.

Tha mòran de sheallaidhean-tìre dealbhaichte fo ioma-sheilbh. Cuidichidh am pròiseas conaltraidh sinn le bhith ag aithneachadh agus a' cur fios gu sealbhadairean air nach robh eòlas againn roimhe.

Q MA THA SEALBH AGAM AIR LÀRACH SA CHUNNTAS AM FEUM MI A FOSGLADH DON PHOBAILL?

Chan fheum. Ged a bhios e sa Chunntas, chan eil sin a' ciallachadh gu feum sealbhadairean an togalach aca fhosgladh don phobail.

Tha mòran de làraichean sa Chunntas a tha ann an làmhan sealbhadairean prìobhaideach agus far nach eil rèiteachadh sam bith a thaobh inntrigeadh foirmeil. Anns na h-aithisgean Cunntais againn, bheir sinn seachad mion-fhiosrachadh a thaobh ruigsinneachd làraichean a tha fosgailte don phobail gu ìre beag mo mòr. Mura dèan sinn sin, tarraingidh sinn aire dhaoine gu Còd Ruigsinneachd Blàr a-muigh na h-Alba.

Q MA THA AN LÀRACH AGAM SA CHUNNTAS AN CUR SEO CASG AIR NAS URRAINN DHOMH A DHÈANAMH?

Cha bhi Alba Aosmhor a' gabhail gnothach ri mar a bhios gàradh no sealladh-tìre dealbhaichte a tha sa Chunntas air a ruith gu làitheil, agus chan eil a na riatanas gum bith Alba Aosmhor no ùghdarras ionadail an sàs ann an làraichean planntachaidh ùra msaa.

Cha bhi Alba Aosmhor an sàs ach a-mhàin a thaobh leasachadh a dh'fheumas cead dealbhaidh. Feumaidh an t-Ùghdarras Ionadail conatradh a chumail leinn a thaobh molaidhean leasachaidh a thathas an dùil a bheir buaidh air gàradh no sealladh-tìre dealbhaichte a tha sa Chunntas. Dh'fhaodadh gum cum Coimisean na Coilltearachd conatradh le Alba Aosmhor a thaobh molaidhean gearraidh sìos agus riaghladh fearann-coillteach eile taobh a-staigh làraichean Cunntais, ged nach eil seo na riatanas foirmeil, reachdail.

Ma tha na planaichean agad a' gabhail a-steach togalach clàraichte no carragh clàraichte taobh a-staigh an t-sealladh-tìre ainmichte, thoir an aire gum feumar cead a bhios iomchaidh don ainmeachaidh reachdail sin. Faic d.10 airson gearr-chunntas, no an làrach-lìn againn airson tuilleadh stiùiridh aig, www.historic-scotland.gov.uk/index/heritage.htm

Airson comhairle mu bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig ainmeachadh dualchas nàdair, leithid Làraichean Ùidh Saidheansail Sònraichte (SSSI), cur fios gu Dualchas Nàdair na h-Alba.

Bheir an t-Ùghdarras Ionadail agad dhut stiùireadh a thaobh Òrdughan Glèidhteachais Craoibhe (TPO), agus tha tuilleadh fiosrachaidh mu cheadan gearraidh ri fhaighinn cho Choimisean Coilltearachd na h-Alba.

Faic d.16 airson ceanglaichean gu na buidhnean sin.

Q CÀITE AM FAIC MI CUNNTAS GHÀRAIDHEAN IS SHEALLAIDHEAN-TÌRE DEALBHAICHTE NA H-ALBA?

Tha an Cunntas ri fhaighinn air-loidhne tron làrach-lìn againn aig www.historic-scotland.gov.uk/gardens

Foadar cuideachd faighinn a-mach far a bheil làraichean Cunntais ann an Alba le bhith a' dol gu PASTMAP www.pastmap.org.uk, làrach-lìn a chaidh a cho-leasachadh còmhla ri Coimisean Rìoghail air Carraighean Àrsaidh is Eachdraidheil na h-Alba (RCAHMS). Bidh seo cuideachd a' sealltainn far a bheil làraichean ainmichte eile taobh a-staigh chriochan seallaidhean-tìre dealbhaichte.

Mura h-eil cothrom agad air an eadar-lìon, bidh sinn toilichte leth-bhreac de aithisg Cunntais agus mapa a chur thugad tron phost airson an làrach a tha a dhìth ort.

Cur fios gu Sgioba nan Gàraidhean.

Q CIA MHEUD LÀRACH CUNNTAIS A THA ANN AN ALBA?

Tha 386 gàradh is sealladh-tìre dealbhaichte ann an Alba (Dàmhair 2010), a' riochdachadh sgìre iomlan timcheall air 1% de dh'Alba. Tha sinn an dùil gun atharraich an àireamh de làraichean mar a thèid am prògram ath-sgrùdaidh air adhart. Thèid làraichean ùra a chur ris a' Chunntas, agus bheir sinn às an fheadhainn nach eil a rèir nan slatan-tomhais a thaobh cudromas nàiseanta.

FOILLSEACHAIDHEAN FEUMAIL AGUS GOIREASAN AIR-LOIDHNE

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu ghàraidhean is sheallaidhean-tìre dealbhaichte agus rùintean co-cheangailte agus reachdas anns na foillseachaidhean no pàipearan air-loidhne a leanas:

Scottish Historic Environment Policy (Iuchar 2009) aig www.historic-scotland.gov.uk/shep-july-2009.pdf

Town and Country Planning (Development Management Procedure) (Scotland) Regulations 2008 aig www.oqps.gov.uk/legislation/ssi/ssi2008/ssi_20080432_en_1

Guide to the Protection of Scotland's Listed Buildings: What Listing Means to Owners and Occupiers (2009) aig www.historic-scotland.gov.uk/scotlands-listed-buildings.pdf

Scheduled Monuments: A Guide for Owners, Occupiers and Managers aig www.historic-scotland.gov.uk/scheduled-monuments.pdf

The Management and Maintenance of Historic Parks, Gardens and Landscapes: The English Heritage Handbook deasaichte le John Watkins agus Tom Wright, foillsichte ann an 2007 le English Heritage agus Frances Lincoln

Guidance on the Conservation and Management of Trees and Woodlands in Designed Landscapes, Coimisean Coilltearachd na h-Alba, 2011

Adapting Our Ways: Managing Scotland's Climate Risk: Consultation to inform Scotland's Climate Change Adaptation Framework (2008) aig www.scotland.gov.uk/Publications/2008/06/23113244/0

UK Climate Impacts Programme 'Gardening in the Global Greenhouse. The impacts of climate change on gardens in the UK' (2002) aig www.ukcip.org.uk/index.php



Sealladh gearmhraidh de ghàraidhean Caisteal Drummond, Peairt agus Ceann Rois



Sealladh adhair de Thaigh Chinn Rois, Peairt agus Ceann Rois

CEANGLAICHEAN GU BUIDHNEAN EILE

Scottish Natural Heritage

Tha obair SNH mu bhith a' gabhail cùram den dualchas nàdair, a' leigeil le daoine toileachas fhaighinn às, a' cuideachadh dhaoine le bhith a' tuigse agus a' cur luach air, agus a' cur taic riuthasan a tha ga riaghladh.

www.snh.gov.uk

Royal Commission on the Ancient and Historic Monuments of Scotland

Tha an RCAHMS a' tional, a' clàradh agus a' mìneachadh fiosrachaidh a thaobh dualchas arceòlais, tionnsgalach, arceòlais is mara na h-Alba.

www.rcahms.gov.uk/index

The Garden History Society

Is e GHS a' bhuidheann as sine san t-saoghail a tha an sàs ann an obair glèidhteachais is sgrùdaidh ghàraidhean eachdraidheil is sheallaidhean-tìre dealbhaichte.

www.gardenhistorysociety.org

The National Trust for Scotland

Is e an NTS an carthannas glèidhteachais as motha an Alba agus tha i a' coimhead às dèidh timcheall air 35 prìomh ghàradh agus shealladh-tìre dealbhaichte agus còrr is 30 gàradh nas lugha.

www.nts.org.uk

The Tree Register of the British Isles

Is e carthannas clàraichte a tha sa Chlár Chraobhan a bhios a' tional agus ag ùrachadh stòr-dàta de chraobhan ainmeil air feadh Bhreatainn agus Eirinn.

www.treeregister.org

Forestry Commission (Scotland)

Is e amas an FCS a bhith a' dìon agus a' leudachadh choilltean agus fhearann-coillteach na h-Alba agus ag àrdachadh an luach aca don choimhearsnachd agus don àrainneachd.

www.forestry.gov.uk/website/fchomepages.nsf/hp/Scotland

Scotland Rural Development Programme

Is e prògram de cheumannan eaconomach, àrainneachd agus sòisealta a tha san SRDP, le luach £1.5 billean, air a dhealbhadh gus sgìrean dùthchail na h-Alba a leasachadh eadar 2007 agus 2013.

www.scotland.gov.uk/Topics/farmingrural/SRDP

Heritage Lottery Fund

A' cleachdadh airgead a chaidh a thogail tron Chranncur Nàiseanta, tha an HLF a' toirt seachd thabhartasan gus ar dualchas atharrachadh agus a chumail seasmhach.

www.hlf.org.uk/Pages/Home.aspx

